

26 Sultain 2017

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

Sa Chèitean 2017, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne agus air a' chlas-àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chruinnich sinn fianais gus luachadh a dhèanamh air càileachd a' cheannardais agus rianachd, an solar ionnsachaidh agus soirbheachasan agus coileanaidhean na cloinne.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile:

- Sàr cheannardas air leth a' cheannaird a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne ag obrachadh mar choimhearsnachd làidir a tha ag amas air a bhith a' dèanamh cho math 's a ghabhas às leth na cloinne air fad. Tha sùileachaidhean àrda aig an luchd-obrach dhan taobh fhèin agus dhan chloinn agus tha seo a' cur gu mòr ri faireachdainn de mhòr-mhiann is de mhiann adhartais.
- Thar na sgoile tha a' chlann air am brosnachadh agus a' dol an sàs gu mòr is gu gnìomhach nan ionnsachadh agus ann a bhith a' leasachadh obair na sgoile. Tha iad ag obair gu math leis na tidsearan agus le càch a chèile gus an adhartas aca fhèin a luachadh agus gus comharrachadh nan ath cheumnan aca a thaobh leasachadh. Tha iad a' toirt taic làidir do chàch a chèile sa choimhearsnachd sgoile in-ghabhailta seo.
- Tha luachan de spèis, cothromachd, onarachd is coibhneas air am fighe a-steach gu mòr le treibhdhreas is ùghdarrachd thar beatha agus obair na sgoile. Tha luchd-obrach is com-pàirtichean gu cunbhalach is gu leanailteach a' cur an cèill modhan-obrach dheimhinneach a thaobh Ceartas do Gach Pàiste. Mar thoradh air sin, tha iad gu soirbheachail air choimhearsnachd a chruthachadh far a bheil a' chlann iad fhèin glè thric nam prìomh stiùirichean air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannas agus in-ghabhailtachd san sgoil aca.
- Na modhan-obrach air leth soirbheachail a thaobh a bhith a' brosnachadh chloinne gus miann a bhith aca air leughadh tro bhith a' cleachdadh ionnsachadh is teagasg tarraingeach agus tro leasachadh leabharlann inntinneach. Bidh an luchd-obrach agus a' chlann ag obair gu h-èifeachdach le buill den choimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan leabharlann a bhith air a chleachdadh le buill den choimhearsnachd cuideachd gus taic a thoirt do leughadh eadar-ghinealaichean.
- Ionnsachadh proifeiseanta co-roinnte luchd-cleachdaidh sa chlas-àraich. Tha seo a' leantainn air adhart gu ionnsachadh agus teagasg air leth a tha a' toirt taic do chlann ann a bhith a' dèanamh adhartas sàr mhath.
- Am modh-obrach in-ghabhailta agus spèiseil a tha an ceannard air a leasachadh a thaobh na Gàidhlig mar fheart chudromach den sgoil.
- An t-sàr ullachadh a thathar air a dhèanamh airson clann le uathachas.

- Am prìomh fhòcas a tha an sgoil a' cur air a bhith a' fighe a-steach nan sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair gu cruthachail ann an teagasg agus ionnsachadh aig a h-uile ìre. Tha a' chlann a' nochdadh àrd ìrean de thuigse, inbheachd agus miann-adhartais an uair a bhios iad a' bruidhinn mun ionnsachadh co-cheangailte ris na sgilean sin. Tha iad ag aithneachadh gu bheil seo gan deagh ullachadh airson saoghal na h-obrach.
- Leasachadh sgilean na cloinne tro raon fharsaing de ghnìomhan taobh a-muigh a' chlas agus cothroman ceannardais.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Shruighlea:

- Leantainn air adhart a' cur an cèill leasachaidhean a tha air an comharrachadh ann am plana leasachaidh na sgoile. Tha seo a' gabhail a-steach planaichean gus modhan-obrach a bharrachd a leasachadh a thaobh co-mheasadh agus gus buileachadh àrdachadh, gu sònraichte ann an àireamhachd is sgrìobhadh.
- Leantainn air adhart a' togail air soirbheachasan a thaobh na Gàidhlig thar na sgoile. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' fighe a-steach tuilleadh comhairle nàiseanta mu bhogadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-12.

Tha comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan foghlaim agus luchd-sgrùdaidh a bhith a' breithneachadh dè tha math agus dè dh'fheumas a bhith air a leasachadh ann an obair na sgoile. Gheibh sibh na comharran càileachd sin anns an fhoillseachadh *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* airson ìrean na bun-sgoile agus airson a' chlas-àraich *Dè cho math 's a tha ar Tràth Ionnsachadh agus Cùram Chloinne?*¹. An dèidh ar sgrùdadh air gach sgoil bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean air trì comharran càileachd cudromach gus sùil a chumail air mar a tha gach sgoil ann an Alba a' dèanamh.

'S iad seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne agus An Clas-àraich.

Ìrean na bun-sgoile

A' stiùireadh atharrachadh	sàr mhath
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	glè mhath
A' daingneachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	sàr mhath

¹ *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (4^{mh} Eagran) 2015; *Dè cho math 's a tha ar Tràth Ionnsachadh agus Cùram Chloinne?* 2016

An Clas-àraich

A' stiùireadh atharrachadh	sàr mhath
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	sàr mhath
A' daingneachadh adhartas na cloinne	sàr mhath
A' daingneachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	glè mhath

Bidh an litir agus cunntasan nas mionaidiche mun sgrùdadh rim faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig <https://education.gov.scot/inspection-reports/stirling/5725429>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil cumail oirre a' leasachadh agus mar sin cha tadhail sinn tuilleadh an lùib an sgrùdaidh seo. Bheir Comhairle Shruighlea fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de dh'ullachaidhean airson a bhith a' toirt fiosrachadh do phàrantan/luchd-cùraim mu chàileachd a sgoiltean.

Carol NicDhòmhnaill
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Ma tha sibh airson an aithisg seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun an sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd agus innsidh sinn dhuibh dè a tha comasach fhaighinn.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, cuiribh post-dealain gu: complaints@educationscotland.gsi.gov.uk. no fònaibh thugainn air an àireamh gu h-ìosal, no sgrìobhaibh thugainn chun an t-seòlaidh a leanas:

Manaidsear Ghearain
Foghlam Alba
Taigh Denholm
Pàirc Ghnìomhachais Ghlinn Almoìn
Slighe Ghlinn Almoìn
Baile Lèibhinn EH54 6GA

T +44 (0)131 244 4330
E enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2017

Faodaidh tu am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin ìomhaighean agus logothan) saor agus an-asgaidh ann an riochd no meadhan sam bith, fo chumhan Cead an Riaghaltais Fhosgailte cho fad 's a tha e air ath-chleachdadh gu ceart agus gun a bhith ann an co-theacsa meallta. Feumaidh an stuth a bhith air aithneachadh mar a bhith fo dhlighe-sgrìobhaidh Foghlam Alba agus ainm an sgrìobhainn a bhith air a chomharrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhailibh air <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuiribh post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas pàrtaidh a chomharrachadh feumaidh sibh cead fhaighinn bhon fheadhainn aig a bheil an dlighe-sgrìobhaidh air a shon.



Transforming lives through learning

Ag atharrachadh beatha tro ionnsachadh